AM PHAIRISEACH AGUS AN NEACH-CRUINNEACHAIDH



... Oir gach neach a dh'àrdaicheas e fèin, ìslichear e ; agus ge b'e neach a dh'ìslicheas e fèin, àrdaichear e. Lùcas 18:14

Agus labhair e an cosamhlachd so ri dream àraidh a bha ag earbsadh asda fèin gu'n robh iad 'nam fireanaibh, agus a bha deanamh tàir air dream eile : Chaidh dithis dhaoine suas do'n teampull a dheanamh urnuigh ; fear aca 'na Phairiseach, agus am fear eile 'na chìs-mhaor. Sheas am Phairiseach leis fèin, agus rinn e ùrnuigh mar so, A Dhia, tha mi toirt buidheachais duit nach 'eil mi mar a ta daoin' eile, 'nan luchd-fòirneirt, eucorach, adhaltrannach, no eadhon mar an cìs-mhaor so. Bidh mi a’ trasgadh dà uair anns an t-seachdain, tha mi a’ toirt deicheamh de gach nì a tha agam. Agus air seasamh do'n chìs-mhaor fad uaith, cha b'àill leis a shùilean a thogail suas gu nèamh, ach bhuail e air 'uchd, ag ràdh, A Dhia dean tròcair ormsa a ta am pheacach. A deirim ribh, gu'n deachaidh am fear so sios d'a thigh air fhìreanachadh ni's mo na'm fear eile : oir ge b'e neach a dh'àrdaicheas e fèin, ìslichear e ; agus ge b'e neach a dh'ìslicheas e fèin, àrdaichear e. Lucas 18:9-14

... cha dì-chuimhnich e glaodh nan iriosal. Salm 9:12
Gearraidh an Tighearna as gach bilean miodalach, agus an teangadh a labhras nithean uaibhreach:
Salm 12:3

Is beannaichte an duine sin a chuireas an Tighearna a dhòchas, agus nach eil a’ toirt urraim do na h-uaibhrich, no dhaibhsan a thrèigeas gu breugan. Salm 40:4

Ged tha an Tighearna àrd, gidheadh bheir e spèis do na h-ìsle : ach is aithne dha na h-uaibhrich fad as.
Salm 138:6

Nuair a thig uabhar, an sin thig nàire: ach aig an iriosal tha gliocas. Gnàth-fhacal 11:2

Sgriosaidh an Tighearna taigh nan uaibhreach:
ach daingnichidh e crìoch na bantraich.
Gnàth-fhacal 15:25

Is e eagal an Tighearna teagasg a’ ghliocais; agus roimh urram tha irioslachd. Gnàth-fhacal 15:33

Is gràinealachd don Tighearna gach neach a tha uaibhreach na chridhe: ged cheangal làmh an làimh, cha bhi e gun pheanas. Gnàth-fhacal 16:5

Thèid uaill ron sgrios, agus spiorad ardan ro thuiteam.
Is fearr a bhi de spioraid iriosal maille ris na daoine iosal,
na a' chreach a roinn ris na h-uaibhrich.
Gnàth-fhacal 16:18-19

Roimh sgrios tha cridhe an duine uaibhreach, agus roimh urram tha irioslachd. Gnàth-fhacal 18:12

Le irioslachd agus eagal an Tighearna tha saoibhreas, agus urram, agus beatha. Gnàth-fhacal 22:4

Bheir uabhar duine iosal e : ach cumaidh urram suas na daoine iriosal 'n an spiorad. Gnàth-fhacal 29:23

Na h-aingidh na uaill ni e geur-leanmhuinn air na
bochdan : glacar iad anns na h-innleachdaibh a dhealbh
iad. Oir ni an t-aingidh uaill à miann a chridhe, agus
beannaichidh e na daoine sanntach, a tha gràin aig an
Tighearna. Na h-aingidh, tre uaill a ghnùise, cha'n iarr
e Dia : cha'n 'eil Dia 'na uile smuaintibh. Salm 10:2-4

Oir cò a tha toirt ort dealachadh ri neach eile? agus ciod
a th' agad nach d'fhuair thu ? a nis ma fhuair thu e, c'ar
son a ta thu deanamh uaill, mar nach d'fhuair thu e ?
1 Corintianach 4:7

Ach bheir esan tuilleadh gràis. Uime sin a deir e,
Tha Dia a' cur an aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt
gràis dhoibhsan iriosal. Seumas 4:6

Mar an ceudna, sibhse as òige, ùmhlaich sibh sibh fhèin
don fheadhainn as sine. Seadh, bithibh uile umhail da
chèile, agus bithibh air ur n-èideadh le irioslachd: oir tha
Dia a’ cur an aghaidh nan uaibhreach, agus a’ toirt gràs
dhaibhsan a tha iriosal. Uime sin irioslaichibh sibh fhèin
fo làimh chumhachdaich Dhè, a-chum gun àrdaich e sibh
ann an àm iomchuidh: 1 Pead 5:5-6

Oir na h-uile a tha anns an t-saoghal, ana-miann na feòla,
agus ana-miann nan sùl, agus uabhar na beatha,
chan ann bhon Athair a tha e, ach bhon t-saoghal.
1 Eòin 2:16